

# COIMISEAN NA CROITEARACHD

## GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN AIR TEAMS AIR 4 GEARRAN 2021

An làthair:	Rod Mackenzie	Neach-gairm
	Andy Holt	Coimiseanair
	Mairi Mackenzie	Iar-Neach-gairm
	Malcolm Mathieson	Coimiseanair
	Iain Maciver	Coimiseanair
	David Campbell	Commissioner (bho 9:50)
	Billy Neilson	Coimiseanair
	Cyril Annal	Coimiseanair (gu àm lòn)
	James Scott	Coimiseanair
	Bill Barron	Àrd-Oifigear
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimiseanair
	Mary Ross	Ceannard Obrachaidhean is Sgioba-obr
	Aaron Ramsay	Ceannard Didseatach is Leasachaidh
	Joseph Kerr	Ceannard Taic Riaghlaidh
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Heather Mack	Ceannard Leasachaidh
	Jane Thomas	Ceannard Gèillidh is gearr-chunntas
	Neil MacDonald	Ceannard Ionmhais
	Gordon Jackson	Roinn Urrasachd

Diofar mheasdairean/luchd-obrach agus buill den phoball an làthair

### 1 FÀILTE IS LEISGEULAN

Chuir an Neach-gairm fàilte ann an Gàidhlig air na h-uile chun na coinneimh, a' leantainn le fàilte ann am Beurla, a' mineachadh gum biodh an Coimiseanair Caimbeul fadalach. Chaidh fàilte shònraichte a chur air luchd-obrach, am poball agus Measadairean a thàinig chun na coinneimh.

### 2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhaighnich an Neach-gairm an robh neach sam bith gu bhith a' foillseachadh com-pàirt. Cha deach com-pàirt sam bith fhoillseachadh sa phàirt phoblaich den choinneamh.

### 3 GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' BHÙIRD AIR 3 DÙBHLACHD 2020

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 3 Dùbhlachd 2020 air post-d agus fhoillseachadh air an làraich-lìn. Chaidh a thoirt chun na coinneimh airson fiosrachadh a-mhàin. Cha robh ceistean sam bith ann.

### 4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Mhìnich neach-lagha a' Choimisein gun deach aontachadh aig a' choinneamh bùird mu dheireadh, gun deigheadh gearanan a bha fadalach ath-bheachdachadh san àm ri teachd agus gu h-àraid am faodadh an neach-gearain ceudna gearan a dhèanamh barrachd na aon uair agus às dèidh na h-ùine reachdail de 28 latha. Chaidh

aontachadh gun deigheadh tadhal a-rithist air pàipear bho 2015 mu dheidhinn na bha “adhbhar math” a’ ciallachadh agus a chuirteachadh gu Coimiseanairean, agus dheigheadh beachdachadh air a bheil e iomchaidh ath-bheachdachadh air a’ chùis a thaobh chùisean san àm ri teachd.

## **5 AITHISG NA COMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS**

### **(a) Ùr-fhiosrachadh bho Malcolm Mathieson**

Mhìnich Iar-Chathraiche na comataidh gun deach coinneamh a chumail air 27 Faoilleach. B’ e coinneamh mhòr a bh’ ann, le mòran chùisean a’ biadhadh a-steach do dheasbad a’ Bhùird an-diugh agus don Latha Ro-innleachd air 5 Gearran. Thog e air pàipear bho neach-lagha a’ Choimisein, a bha fìor inntinneach ach mar thoradh air clàr-gnothaich làn, cha robh ùine aig a’ chomataidh a dheasbad gu mionaideach. Dheigheadh tilleadh gu seo aig coinneamh an AFC sa Ghiblean agus an uair sin chun a’ Bhùird.

Bha an comataidh toilichte aithisg in-sgrùdaidh a bha deimhinneach a thoirt fa-near agus thugadh taing do sgioba stiùiridh airson obair mhath riaghlaidh a chumail suas ann an suidheachaidhean duilich. Bha an Neach-gairm airson a thaing a thoirt don SMT. Bha e math a thoirt fa-near cuideachd gu bheil aonta air a thoirt airson fo-chosg na bliadhna seo a thoirt air adhart.

Chuir an t-Iar-Chathraiche ìmpidh air Coimiseanairean uile an ceisteachan fèin-mheasaidh a bhiodh iad a’ faighinn a dh’aithghearr a lìonadh, oir tha seo a’ taisbeanadh an deilbh as fheàrr de ghluasadan thar bhliadhnaichean.

Dh’aithris e nach deach cuid de chinn-latha crìochnachaidh san Aithisg Adhartas Sgrùdaidh a choileanadh, ach chaidh aontachadh gun toir SMT sùil eile orra sin agus an atharrachadh ma dh’fheumar, leis na cuideaman a bharrachd air an sgioba stiùiridh sa bhliadhna làithreach.

### **(b) Dreach Geàrr-chunntas bho 4 Samhain 2020 agus 27 Faoilleach 2021**

Cha robh nì ri chur ris an seo.

### **(b) Comharran Coileanaidh Q3**

Chaidh a thoirt fa-near gu bheil a’ mhòr-chuid de na Prìomh Chomharran Coileanaidh le inbhe dhearg co-cheangailte ri obair Dleastanasan is Ionaltraidh, a tha air a chur troimh-chèile thar na bliadhna a dh’fhalbh mar thoradh air cuibhreachaidhean COVID-19. Dh’innis an CEO gun robh an sgioba stiùiridh air gabhail ri moladh sgrùdaidh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil inbhe RAG gach nì iomchaidh.

Mar fhreagairt do cheist bho Choimiseanair Annal, dh’aontaich an sgioba stiùiridh ceangal a chur thuige gu paraistean Arcaibh is Sealtainn Orkney air an RoC, a tha rim faotainn gu poblach.

### **(c) Plana Leasachaidh Bliadhnail**

Is e moladh sgrùdaidh a tha seo a tha an sgioba stiùiridh air a làimhseachadh. Fhuair a’ chomataidh inntinneach e, gu h-àraid le cuideaman na bliadhna seo. Dhaingnich an CEO gum biodh e dèante gach bliadhna.

## **6 ÙR-FHIOSRACHADH MUN CUAIRT A’ BHÙIRD**

Thòisich Coimiseanair Holt le bhith a' fiosrachadh don Bhòrd gun robh e air dà choinneamh Zoom a fhrithealadh, leis a Bhuidheann Thar-Phàrtaidh agus Fòram Àiteachais Shealtainn.

Tha obair an Neach-gairm leis an h-ionadan margaidh a' ceadachadh dha leantainn air a' faicinn mòran chroitèaran ach mheòraich e gu bheil mòran aig a' Choimisean ri dhèanamh a thaobh conaltradh, aon uair 's gum bi na cuibhreachaidhean air an togail. Feumaidh prògram de Thachartasan a-muigh a bhith ann gus an Coimisean a chuideachadh a' taisbeanadh a-muigh. Ach tha coinneamhan Ìre 3 a' dol gu math air ceangal bhidio agus bu chòir leantainn mar seo.

Dh'aontaich Coimiseanair Neilson gu bheil e doirbh gun a bhith a' faighinn a-mach a choinneachadh ri daoine. Bha còmhraidhean air a bhith aige le 3 croitèaran, a thog ceistean mun fhios bhliadhnail agus carson nach robh ceistean nas tuairisgeulaiche ann. Chaidh a dhaingneachadh gu bheil a' chùis seo gu bhith air aithris oirre aig an ath choinneamh Bùird.

Dh'aontaich Coimiseanair Mathieson gu bheil e doirbh nach urrainnear siubhal ach gun robh e air gairmean a ghabhail bho ghrunn chroitèaran a' gearan mu chroitèan fo dhearmad, ach nach robh deònach an gearanan a thoirt chun a' Choimisean oir cha robh iad airson an aithneachadh. Dh'aontaich e gu bheil an dòigh sa bheil coinneamhan Ìre 3 air an eagrachadh glè èifeachdach agus gum bu chòir leantainn leotha.

Dh'aithris an t-lar-Neach-gairm Mackenzie, mar phàirt de a h-obair de Boireannaich air Bòrd STWG, gun robh i air pàirt a ghabhail ann an seisean Cheistean le Lìonra Gnothachais Bhoireannaich na Gàidhealtachd am feasgar roimhe sin. Bha seo air a bhith glè inntinneach agus air gabhail ris gu math, le mòran conaltraidh bho chom-pàirtichean. Bu mhath leatha am modal seo fhaicinn ga chleachdadh airson obair adhartachaidh ro na taghaidhean. Bha e math cuideachd a bhith a-muigh leis a' Mhanaidsear Conaltraidh san Dùbhlachd, a' clàradh na h-obrach air a stiùireadh le boireannaich ann an Ailbhinn (iomairt a' Bhobhla Uaine) agus tha e math aon de na boireannaich fhaicinn aig a' choinneamh Bùird an-diugh, a tha ri moladh airson a bhith air a h-aithneachadh mar 'Croitear Òg na Bliadhna'.

Thuirt an t-lar-Neach-gairm gum biodh ùidh aice an aon seòrsa obair suirbhidh fhaicinn 's a chaidh a chrìochnachadh o chionn dà bhliadhna còmhla ris a' Chunntas Croitearachd, a dh'fhaicinn dè a' bhuidheann a tha aig turasachd àiteachais air croitean, gu h-àraid leis cho ainmeil 's a tha an NC500 a' fàs.

Bha an Neach-gairm airson mealadh naidheachd a chur air Mrs Mackenzie an dèidh a taghadh mar bhall comataidh de chomataidh Cnoc is Bealach Riaghaltas na h-Alba, a tha an sàs ann an obair glè chudromach.

Dh'aithris Coimiseanair Scott gun robh e air coinneamh Fòram Mòintich a fhrithealadh, a bha air coimhead ri stiùireadh air mullaichean, le toraidhean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air croitearachd. Dh'fhaodadh atharrachaidhean air an dòigh sa bheil falasgairean gan làimhseachadh, mar eisimpleir, buaidh a thoirt air stoc agus nuair a thathar a' co-dhùnadh air atharrachaidhean san dòigh a thathar a' stiùireadh dreachan-tìre mòra mhullaichean, tha e cudromach a bhith mothachail do thoraidhean nach eilear ag iarraidh.

Dh'aontaich Coimiseanair Maciver gu bheil coinneamhan Ìre 3 a' dol gu math. Lean e air a' faighinn ghairmean bho chroitèaran agus fhritheil e coinneamh den bhuidhinn thar-phàrtaidh. Dh'aontaich e leis an Neach-gairm gum bi e math prògram de Thachartasan a-muigh a thòiseachadh nuair a thèid cuibhreachaidhean a thogail.

Cha robh dad aig Coimiseanair Annal ri chur ris.

Dh'aontaich Coimiseanair Campbell le càch gu bheil conaltradh nas duilghe san t-suidheachadh làithreach ach chan eil e do-dhèante. Bha e air teachdaireachdan àicheil fhaighinn a thaobh foirmean a' Chunntais Croitearachd a bhith gan tilleadh gu seòladh ann an Sasainn. Ged a bha e a' tuigsinn carson, chuir e cuideam air an fheum a bhith a' togail saidhbhreas sna coimhearsnachdan croitearachd le bhith a' cleachdadh buidseat a' Choimisein taobh a-muigh 25-mìle de Inbhir Nis. Bha e airson buaidh shòisealta nas motha fhaicinn a thaobh cumhachd caiteachais na buidhne.

Dh'aontaich an Neach-gairm gum b' e call a bh' anns an fhoillseachadh àicheil air a' chunntas croitearachd agus mhol e do gach neach a lionadh air-loidhne, on a bha e glè shimplidh a dhèanamh. Bha e airson coimhead ris a' chùis a thog an Coimiseanair Campbell leis an CEO.

Thog an t-Iar-Neach-gairm ceist mu dheidhinn gun d' fhuair daoine le ioma-chroitean litrichean fa leth. Dhaingnich an CEO gur e mearachd a bha seo leis a' chunntas, do an d' fhuair an Coimisean creideas. Cha thachradh e a-rithist. Dhaingnich e cuideachd gun robh an obair a bha cùmhnantaichte a-mach de nàdar speisealaichte, agus rinn an Coimisean sgrùdadh air am faodadh e a bhith air a chrìochnachadh le buidheann ionadail, ach cha robh sin comasach.

## **7 AITHISGEAN BHO CHEANNARDAN NAN SGIÒBAIDHEAN**

### **(a) Sgioba IS**

Dh'aithris an Ceannard Didseatach is Leasachaidh gun robh tillidhean a' Chunntais Croitearachd air-loidhne suas còrr air 50% an coimeas ris a' bhliadhna an-uiridh, ach bha an àireamh de thillidhean fiosaigeach nas ìsle aig an ìre seo. Chaidh aontachadh gun deigheadh barrachd obair conaltraidh a dhèanamh gus tillidhean air-loidhne a bhrosnachadh.

Bhathar an dòchas gun tòisich deuchainnean air an tionndadh ùr de CIS air a' mhìos seo. Chaidh dàil a chur san obair air gluasad gu Cloud agus prògraman didseatach gus am biodh obair CIS crìochnaichte, oir tha na trì dualan obrach ceangailte ri chèile.

Tha sinn gu làithreach a' coileanadh deuchainn aon mhìos a' cleachdadh Teams airson gairmean fòn, le 25 cead. Tha seo ga ath-sgrùdadh leis an sgioba stiùiridh an ath sheachdain. Ma cho-dhùineas sinn a dhol leis an roghainn seo, cha tig e le còd sgìre ionadail. Airson seo obrachadh, dh'fhaodadh an Coimisean bòrd-suidse air an taobh a-muigh a chùmhnantadh a-mach, le cosgais.

Thèid an Sgrùdadh Bliadhna de Fhulangas Saidhbear a dheasbad a-rithist ach dh'aithris an Ceannard Didseatach is Leasachaidh gu bheil am balla-teine air a bheil iomradh, a-nis na àite. Tha ball sealach den luchd-obrach a-nis san sgioba, a tha gu làithreach a' dèanamh ùrachaidhean air a' chunntas croitearachd.

Nochd Coimiseanairean dragh nach eil coltas gu bheil am buidheann air luchd-obrach uidheamachadh le comas air gairmean fòn a dhèanamh cho math ri buidhnean eile, leithid Comhairle na Gàidhealtachd agus NatureScot. Chaidh aontachadh gun deigheadh fios a chur gu roinn Planaidh Comhairle na Gàidhealtachd, a dh'fhaicinn an gabh ionnsachadh bhuaithe.

### **(b) RALU is Taic Riaghlaidh**

Thòisich an Ceannard Taic Riaghlaidh air an ùr-fhiosrachadh le bhith a' mìneachadh na tha air tachairt thar na dà mhìos a chaidh seachad anns an sgioba RALU. Bha fiosan ri dhol a-mach san Dùbhlachd, ach dh'aithnich an sgioba gum faodadh seo duilgheadasan adhbhrachadh a thaobh ceann-ama, ceangailte ri cinn-ama reachdail don dà chuid an croitear agus an Coimisean. Mar sin, tha am Plana-obrach air atharrachadh gus a' mhìos sin a sheachnadh agus litrichean a chur a-mach san Fhaoilleach an àite sin. Tha fiosan a-nis gan sgaoileadh, le dusan eile deiseil airson a dhol a-mach. Is fheàrr leis a' Choimisean uachdarain a bhith a' dèiligeadh ri leigeil ann an cùisean crìochnachaidh far an gabh sin a dhèanamh, ach toilichte seo a dheasbad agus tha àireamh de dh'eisimpleirean den leithid sin de chonaltradh san Eilean Sgitheanach, Earra-Ghàidheal agus na h-Eileanan an Iar.

A thaobh Taic Riaghlaidh, tha atharrachadh ann am poileasaidh a tha a' ciallachadh nach cuireadh an Coimisean gu h-àbhaisteach taic ri fo-leigeil no leigeil geàrr-amail de chòrr air 5 bliadhna; a' coimhead an àite sin airson fuasgladh fad-amail. Chaidh giullachd obair-cùise atharrachadh an dèidh na Coinneimh Bùird mu dheireadh, agus tha sin a-nis ga chur an gnìomh, le buaidh air cùisean air an àrdachadh bho ìre 2 agus ìre 3.

Chaidh Coimiseanairean air adhart an uair sin a dheasbad air an ais-fhiosrachadh a tha iad a' faighinn bho chroitearan, a tha den bheachd nach eil am buidheann a' dèanamh dad gus dèiligeadh ri cùis nan croitean falamh, agus draghan a tha aig Coimiseanairean mu ghoireasachadh sgioba RALU.

Chaidh a ràdh gu bheil cuid den obair air a bheil feum gus a dhol às dèidh dhaoine a tha ann am briseadh an dleastanasan, sìmplidh agus neo-thoinnte agus dh'fhaodadh a dhèanamh le luchd-obrach sealach agus gum bu chòir am maoineachadh a bharrachd a tha ri fhaotainn am-bliadhna a chleachdadh airson sin. Mhinich an CEO gun robhar a' trusadh don sgioba, gun robh an sgioba ga leudachadh agus gun robh an ìre de dh'obair neo-thionnte teagmhach. Chaidh gabhail ris gum faodadh luchd-obrach sealach an cleachdadh airson gairmean fòn a dhèanamh gu luchd neo-thillidh air a' Chunntas Croitearachd, agus tha seo ga chur an òrdugh. Dh'iarr an Neach-gairm beachd air aon de na Measadairean an làthair, a dhaingnich gur e seo an seòrsa gnìomh-obrach a dh'fhaodadh Measadairean a dhèanamh air bunait shaor-thoileach, nam b' e gairmean fòn gu daoine taobh a-muigh an sgìre fhèin. Chaidh aontachadh seo a chur air dòigh agus a chur an gnìomh.

Bha Coimiseanairean airson fhaighinn a-mach an e fiosrachadh bhon chunntas croitearachd ao aon dòigh air fhiosrachadh a bheil an gluasad neo-chòmhnaidheachd a' dol sìos no suas, a' faighneachd an gabhadh seo a mhion-sgrùdadh an aghaidh dàta mu ghnìomhadh air crìochnachaidhean agus dleastanasan. Bho nach eil reat tillidh 100% airson an Fhios Bhliadhnail (Cunntas Croitearachd) agus reat nas ìsle airson tillidhean a' Chunntais Ionaltraidh, cha toireadh an anailis seo ach pàirt toraidh. Dhaingnich an CEO gu bheil an sgioba stiùiridh a' tuigsinn a' phrìomhachais àrd co-cheangailte ri obair dhleastanasan uile, a thaobh dearmad cho math ri còmhnaidheachd agus sin an t-adhbhar gu bheil sgioba RALU ga leudachadh.

### **(c) Obrachadh is Sgioba-obrach**

Thug an Ceannard Obrachaidh is Sgioba-obrach seachad an aithisg, a' mìneachadh gu bheil an glasadh eile air buaidh a thoirt air àireamh den luchd-obrach, gu h-àraid iadsan le uallaichean cùraim is sgoileadh san dachaigh. Tha sùil ga chumail air cùisean co-cheangailteachd ach tha iad mòran nas fheàrr na bha iad. Tha neach-obrach sealach ùr san sgioba agus chan eil luchd-obrach sam bith dhen obair tinn, nì a tha math.

Nuair a chaidh an glasadh mu dheireadh ainmeachadh, bha aig a' Choimisean ri co-dhùnadh glè luath mar a dheigheadh dèiligeadh ri postachd a-mach agus a-steach

agus gun chothrom sam bith air GGH an toiseach, agus a-nis gun chothrom a tha glè chuibhrichte a-mhàin. Tha làimhseachadh postachd air a chur a-mach air chùmhnannt rè ùine, a dh'adhbhraich dàlachan beaga an toiseach oir bha na rèiteachaidhean ùra rin cur nan àite. Tha cùisean a-nis a' dol air adhart agus tha na litrichean a' tighinn troimhe. Mar thoradh air seo, bidh na staitisitigean mìosail cunbhalach a bhios a' tighinn gu Coimiseanairean mu sheachdain air dheireadh, ach bu chòir an dealbh iomlan a bhith an làthair san Fhaoilleach.

Bha e misneachail a bhith a' faicinn obair ga crìochnachadh gus cùisean a phutadh troimhe gu ìre 2 agus obrachadh air na cùisean sin a tha air a bhith fosgailte fad còrr air 12 mìos.

Dh'fhiosraich an Ceannard Taic Riaghlaidh don Bhòrd gu bheil Clàran na h-Alba air aontachadh gum bu chòir am pròiseas ceartachaidh a bhith air a làimhseachadh le RoS agus chan ann leis a' Choimisean, mar sin tha sinn a' gluasad chun an t-suidheachaidh sin.

Thug an Ceannard Obrachaidh is Sgioba-obrach mion-fhiosrachadh seachad mu chuid den obair a tha a' dol air adhart a thaobh taic do shunnd luchd-obrach, a tha a' gabhail a-steach a bhith ag obair gu dlùth le Buidheann Conaltraidh Luchd-obrach, ag eagrachadh thachartasan air-loidhne leithid dian-mheòmrachaidh, iòga, fèin-mhothachadh, tadhalan bho oifigearan Sunnd HR, suirbhidhean air luchd-obrach agus dèanamh cinnteach gu bheil còmhraidhean a' gabhail àite gu cunbhalach eadar manaidsearan agus luchd-obrach, a bu chòir an-còmhnaidh a bhith a' gabhail a-steach deasbad air sunnd. Tha duilleag Sunnd cuideachd ga leasachadh air Teams. Nochd Coimiseanairean taing airson agus gu bheil an obair uile cuimsichte san dòigh seo, oir tha iad a' tuigsinn gu bheil obrachadh sna suidheachaidhean làithreach glè dhoirbh do chuid.

#### **(d) Ionaltradh is Poileasaidh**

Dh'aithris an Ceannard Ionaltraidh is Poileasaidh gu bheil an iomairt an lùib ceadachadh do chomataidhean fuireach ann an dreuchd (cunntachail don Choimisean) mura deigheadh aca air coinneamhan luchd-earrannan buntainneach a chur an òrdugh mar thoradh air cuibhreachaidhean COVID, air a bhith soirbheachail. Feumaidh seo leantainn gus am bi cuibhreachaidhean ann an gluasad air an lasachadh. Is e am prìomhachas don sgioba an-dràsta beachdachadh air Riaghailtean air an cur a-steach le comataidhean ionaltraidh, gus cuideachadh le an crìochnachadh 's le an aontachadh. Tha trèanadh air faicinn mar phrìomhachas cuideachd, le suirbhidh dèante air clàrcan ionaltraidh. Chaidh dà sheisean trèanaidh a libhrigeadh san Dùbhlachd, le cuideachadh bho mhaoineachadh FAS, le dàimh mhath air a togail eadar an sgioba agus oifigearan FAS. Tha tuilleadh trèanaidh air a phlanadh, a' coimhead ri làimhseachadh còmhstri agus eadar-mheadhanachadh do chomataidhean, le Measadairean a' cuideachadh le seo a dheuchainneadh, ag obair le Eadraiginn Alba.

Tha an glasadh air buaidh àicheil a thoirt air an sgioba bheag seo, ach tha an obair aca a' faighinn cuideachadh bho neach-rianachd sealach. Bu chòir a chuihmneachadh gu bheil an sgioba a' làimhseachadh ghniomhan Planaidh don Choimisean, chan ann air sgàth agus gu bheil ceangal le obair ionaltraidh ach a chionn 's gu bheil an t-eòlas fa leth taobh a-staigh an sgioba. Chan eil seo a' ciallachadh ge-tà, gu bheil comas ann an gnìomh seo a chòmhdach gu h-iomlan.

## **8 AITHISGEAN BHO CHEANNARDAN BHUIDHNEAN OBRACH GHEÀRR-AMAIL**

### **(a) Foirmean Tagraidh**

Dh'aithris an Ceannard Taic Riaghlaidh air obair na buidhne, a tha air a bhith a' dol tro na pròiseasan tagraidh buntainneach uile mar ullachadh airson gluasad gu bhith a' cur a-steach thagraidhean air-loidhne. Tha 34 diofar gnìomh air a chomharrachadh ach tha iad sin a' gabhail a-steach Fiosan cho math ri tagraidhean. Cho-dhùin am buidheann tagraidhean a phrìomhachadh far a bheil daoine fa leth san t-siostam againn mar-thà, mar eisimpleir, croitearan seilbhe agus luchd-gabhail. Tha seo a' toirt dhuinn cothrom air beachdachadh air 26 seòrsa ach dh'fhaodadh gun gabh buidheannachadh air seòrsaichean a bhith comasach.

Bidh buidheann, a' gabhail a-steach an Coimiseanair Neilson, a' coinneachadh gach seachdain agus air na foirmean a bhriseadh sìos gus mòidealan fa leth a chomharrachadh agus a chruthachadh; is e an t-amas na foirmean ùra a lìonadh ro-làimh cho fada 's a ghabhas agus le bogsaichean tiog, gus a' mheud de theacsa saor a lùghdachadh. Tha naoi foirmean air an crìochnachadh ann am pàirt. Tha iad sin leis an Sgioba IS gus an dreachadh mar fhoirmean didseatach. Mar sin, tha a' chuimse don bhuidheann a-nis air Stiùireadh co-cheangailte ris na foirmean sin. Bidh cothrom ann an-còmhnaidh do dhaoine lethbhreac pàipeir a lìonadh ma dh'fheumar, agus thèid pileat de na foirmean ùra a chur an gnìomh, le sònrachadh agus fo-leigeil gus a bhith deiseil. Bidh Measadairean na lùib agus bidh an obair air a h-adhartachadh air na meadhanan sòisealta. Thairg an Coimiseanair Campbell cuid de thagraidhean fuadain a lìonadh oir tha e cleachdte ris a' phròiseas làithreach. Thèid cuireadh a thoirt don dithis, an Coimiseanair Campbell agus Maciver, fiosrachadh a thoirt air ais don bhuidheann mar phàirt den ìre deuchainnidh.

Mhìnich an Ceannard Didseatach is Leasachaidh na tha a' tachairt air an taobh dhidseatach den phròiseact, le teampalaid dhidseatach ga cruthachadh, ag obair le cunnradair a' dol tron ruith theachdaichean, a dh'fhaodas a bhith toinnte gu teicnigeach. Tha ceistean an làthair, mar eisimpleir, le roinn chroitean agus ainmean-sgrìobhte. Tha conaltradh le sgioba dhidseatach Riaghaltas na h-Alba cuideachail, a thaobh dealbhadh, comas leughaidh agus an togalach ùr a tha a dhìth don làraich-lìn.

Chaidh a dhaingneachadh gu bheil seo a' riochdachadh pròiseact mòr, a tha ga adhartachadh le àireamh bheag de luchd-obrach. Bidh sgaoileadh ceum air cheum air na foirmean ùra, agus thèid beachdachadh air App aon uair 's gun urrainn dhuinn fhaicinn mar a tha na foirmean ag obrachadh air an làraich-lìn.

Bha Coimiseanairean an dòchas gum biodh gluasad ann gu 100% de fhoirmean didseatach san fhad-ama, le gu leòr ùine ga thoirt aig toiseach gnothaich gus goireasan a dhèanamh saor. Chaidh iarraidh air an Roinn Urrasachd fiosrachadh a sholarachadh mu a bheil gluasadan chruidh uile a-nis a' faotainn fios air-loidhne agus na staitistigean a th' ann airson foirmean IACSS.

## **(b) Boireannaich is Bùird**

Mhìnich an Ceannard Gèillidh gum bi aithisg dheireannach a' tighinn bhon bhuidheann chun na coinneimh Bùird sa Mhàrt. Tha am buidheann air cuimseachadh air aontachadh mu raon farsaing de dhòighean practaigeach gus boireannaich a mhisneachadh a thighinn air adhart airson fastadh agus/no taghadh chun a' Bhùird, agus air liosta luchd-ùidhe fheumail a lìonadh a tha a' ceadachadh don Choimisean teachdaireachdan a chur a-mach gu buidhnean le ùidh. Tha ceistean ri dhol a-mach gu luchd-ùidhe a bhios ri fhaotainn air an làraich-lìn agus meadhanan sòisealta, air a leasachadh agus thèid a chuirteachadh gu SMT agus chun a' Bhùird an ath sheachdain.

Bha an t-Iar-Neach-gairm MacKenzie, cathraiche na buidhne, a' faireachdainn gu bheil tachartasan mar am fear san robh i com-pàirteach am feasgar roimhe sin,

buannachdail le mu 20 boireannach an làthair. Tha planaichean san amharc airson tuilleadh filmidh, a' togail air boireannaich a tha an sàs ann an croitearachd.

## 9 PRÌOMHACHASAN RALUT

Stiùir neach-lagha a' Choimisein an deasbad, a bha mar cheann-uidhe na h-obrach aig an STWG. Tha am pàipear a tha fo dheasbad a' comharrachadh 12 prìomhachas le iarrtas don Bhòrd taghadh a dhèanamh orrasan air am bu chòir cuimseachadh.

An dèidh tuilleadh beachdachaidh air a' chùis, dh'aontaich an Coimisean gun urrainnear cùis a dhèanamh gu bheil dleastanasan croitearachd a' buntainn gu co-ionann ri earrannan ionaltraidh a tha nam pàirt de ghabhaltachd croite agus còraichean ionaltraidh neo-eisimeil (far a bheil am fearann croite air a cheannach). Ma tha briseadh dleastanasais follaiseach, ann an cùis a tha air a cho-dhùnadh ann an Ìre 3, bu chòir slighe gnìomhaidh fèin-ghluasadach a bhith ann, agus an Ceannard Taic Riaghlaidh ag aontachadh agus a' mìneachadh gu bheil am pàipear a' mìneachadh na seòrsaichean obrach a dh'fhaodte a chur an gnìomh agus na ceumannan a tha a dhìth.

Bidh an Ceannard Ionaltraidh is Poileasaidh a' toirt pàipear gu coinneamh a' Bhùird sa Mhàrt mu Croitean Falamh, agus feumar seo a chumail far comhair. Is e aon de na duilgheadasan gu bheil am pròiseas reachdail a tha minichte ann an Achd 1993 toirmisgte.

Gus soilleireachadh na tha 'Geàrr-amail' agus 'Fad-amail' a' ciallachadh air an liosta de phrìomhachasan ann am pàipear a' Bhùird, mhìnich an Ceannard Taic Riaghlaidh gum faod cuid de nithean a bhith air an seòrsachadh 'geàrr-amail' far a bheil obair air a chomharrachadh mar-thà ach le feum air barrachd ghoireasan airson a chrìochnachadh, far a bheil nithean eile air am planadh mar a bhith 'fad-amail' air sgàth na h-àireimh de cheumannan a dh'fheumar airson an crìochnachadh.

Chaidh a mholadh gum biodh e na b' fheàrr fuireach gus a bheil am Bòrd air beachdachadh air a' phàipear agus aontachadh air suidheachadh a thaobh Croitean Falamh mus sgrìobhar gu na h-uachdarain.

Chaidh aontachadh gum bu chòir conaltradh le luchd-lagha iomchair a bhith air abhrosnachadh, gus a dhèanamh cinnteach gum fiosraich iad luchd-ceannach mu dhleastanasan croitearachd agus gum bu chòir croitearan seilbhe ùra agus ainmichithean litir stiùiridh fhaighinn. Chaidh aontachadh cuideachd gum b' e aon de na ciad prìomhachasan aig na h-oifigearan ùra sna h-Eileanan an Iar, obrachadh le oighreachdan, uachdarain, agus bailtean-fearainn mu chùisean co-cheangailte ri dleastanasan croitearachd.

Bha Coimiseanairean airson goireasan a bharrachd fhaicinn gan cur a-steach do sgioba RALU, còmhla ris an trusadh làithreach. Mhol an CEO a bhith faiceallach oir cha robh e a' creidsinn gun ruigeadh am buidseat air seo. Cha robh Iar-Chatraiche na comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais ag aontachadh, le àireamh eile de Choimiseanairean ag iarraidh tuilleadh dhreuchdan a chruthachadh don sgioba sa bhad, a' cleachdadh an fho-chaitheachais bho bhuidseat 2020/21 agus 2021/22, a' faireachdainn gum brosnach seo gluasad, no gum b' e cothrom cailte a bhiodh ann. Bha Coimiseanairean a' faireachdainn gur e raon a tha seo far am faodte diofar a dhèanamh, tha e na prìomhachas soilleir agus tha iad airson gnìomhadh fhaicinn.

Thuir an Neach-gairm gur e stiùireadh reachdail a bha seo bhon Bhòrd chun an CEO. Bha an CEO a' gabhail ris gur e rùn a' Bhùird prìomhachas a thoirt do dh'obair dhleastanasan, ach b' e prìomh dhleastanas a bh' ann cuideachd na siostaman IT a leasachadh agus seirbheis theachdaichean nas fheàrr a sholarachadh, a bha a'



ciallachadh dèiligeadh ri dàlachan sam bith ann an obair riaghlaidh agus bha am Bòrd cuideachd ag iarraidh barrachd obair ionaltraidh fhaicinn. Nuair a chaidh maoineachadh a bharrachd airson dreuchd leudaichte ainmeachadh, cha robh cinnt sam bith gun deigheadh a bhonntachadh ann am buidseat na h-ath bhliadhna. Mar CEO, bha e air plana obrachadh a-mach gus 6-8 dreuchdan a thrusadh, ach bha am Bòrd airson a bhith na b' fhaiceallaiche aig an àm, mar sin chaidh aontachadh 5 dreuchdan ùra a thrusadh le 2 dhiubh a' dol gu sgioba RALU. Chaidh aon de na dreuchdan sin a lìonadh san Dàmhair agus tha an dreuchd eile ga trusadh an-dràsta. Tha am planadh na àite agus ghabh e ris nach robh am Bòrd air na builean fhaicinn fhathast ach dhaingnich e gu bheil an sgioba ga togail, le pàipear an latha an-diugh cuimsichte air Coimiseanairean a chuideachadh gu co-dhùnadh cò aca de na 12 nithean a bu chòir a phrìomhachadh.

Cha robh Coimiseanairean riarachtaichte gun robh toirt air adhart mu £50k de mhaoineachadh don dreuchd leudaichte a' dèiligeadh ris a' chùis. Bha iad airson a' mhaoin fhaicinn air a cleachdadh an-dràsta gus taic a chur ri sgioba RALU. Mhìnich an CEO gur dòcha gum feumar a' mhaoin a chaidh a thoirt air adhart a chleachdadh gus cuid de na pròiseactan gearr-amail, a tha gan gnìomhadh mar-thà, a chrìochnacadh. Dh'iarr an Neach-gairm coinneamh gus an deasbad seo air a' bhuidseat agus taic do sgioba RALU a thoirt gu crìch, a bhith a' gabhail àite taobh a-staigh 10 latha.

Dh'iarr manaidsear sgioba RALU air Coimiseanairean gun a bhith a' dìochuimhneachadh na chaidh a choileanadh mar-thà, leis an dearbh àm seo nuair a tha pròiseas dian an sàs ann an obair dhleastanasan. Nuair a chaidh faighneachd dha cò aca de na 12 prìomhachasan air an cuimsicheadh e, thagh e 1, 2(1) agus 4, le neach-lagha a' Choimisein a' meòrachadh gum bu chòir nì 5(7) a ghabhail a-steach cuideachd. Tha iad sin uile ag iarraidh ghoireasan a bharrachd. Dh'aontaich am Bòrd nithean 1, 2(1) agus 4 a phrìomhachadh. Is e an ath cheum aithris a tharraing suas mun dòigh air an t-slighe air adhart, a bhios neach-lagha a' Choimisein a' stiùireadh le in-chur bho Choimiseanair Neilson, a bha na cho-Chatraiche air a' bhuidheann obrach, agus an Ceannard Taic Riaghlaidh.

Chaidh aontachadh cuideachd gu bheil luchd-obrach sgioba RALU uile a' dolk a dh'fhaighinn fòn.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b><i>Bheir an Coimisean prìomhachas do dh'obair sgioba RALU a thaobh nithean 1, 2(1) agus 4 mar a tha mìnichte sa phàipear agus dreachaidh an neach-lagha Aithris mun t-slighe air adhart.</i></b>
-------------------	---

## 10 NA h-ATH CHEUMANNAN A THAOBH FEARANN IONALTRAIDH

Chuir an Ceannard Ionoltraidh is Poileasaidh am pàipear an aithne, a bha air a sgrìobhadh ann an co-theacsa comas togail do choimhearsnachdan, ag argamaid gu bheil fearann ionaltraidh mar phàirt iomlan de chroitearachd. Tha an àireamh de chomataidhean air crìonadh thar an 20 bliadhna mu dheireadh agus tha am pàipear a' tarraing air dà phìos rannsachaidh agus obair suirbhìdh le clàrcan ionaltraidh, a' moladh gum biodh suirbhìdh neo-eisimeileach air fearann ionaltraidh a-nis luachmhor, oir chan eil an dealbh a th' againn iomlan.

Chaidh a mholadh gus a chumhachdan a chleachdadh ann an co-theacsa nua-aimsireil, bu chòir don Choimisean tasgadh anns na coimhearsnachdan fhèin agus clàr ceart de fhearann ionaltraidh a sholarachadh, gus cuideachadh le sgìrean a chomharrachadh leithid Eday ann an Arcaibh, far a bheil daoine a' dìochuimhneachadh gu bheil am fearann na fhearann ionaltraidh. Dh'fhaodadh an Coimisean dìleab fhàgail le bhith a' tòiseachadh a' phròiseis seo de aithneachadh, a' cuideachadh

choimhearsnachdan gu bhith a' faicinn fearann ionaltraidh mar chothrom às am faigheadh iad buannachd.

Tha àite eile a tha aig a' Choimisean ceangailte ri ri structar stiùiridh air ionaltraidhean, far am faod cuideachadh a thoirt a' stèidheachadh agus a' toirt taic do chomataidhean, gan cuideachadh gu bathar poblach a liubhairt. Tha buannachdan an lùib a bhith a' co-obrachadh, mar a tha deuchainn sna h-Eileanan an Iar a' sealltainn.

Rinn Coimiseanairean deasbad air na ceanglaichean gu sgeamaichean Àiteachais-àrainneachd, nach eil an-còmhnaidh ag obair do raointean leithid fearann ionaltraidh. Bha deasbad ann air a' bhuanachd an lùib a bhith a' cur taic ri croitearan gnìomhach le stoc, a dh'fheumas a bhith air atharrachadh le tuigse do na diofar fheuman air an fhearann, agus cuideachd a' bhuidh a tha aig às-làthaireachd air a' chomas gu raointean mòra de fhearann ionaltraidh a ruith.

Bha cuid de na Coimiseanairean a' faireachdainn gu bheil atharrachaidhean domhainn sòisealta air tachairt a tha air buaidh a thoirt air fearann ionaltraidh, agus a dh'fhaodas a bhith doirbh a thilleadh air ais. Tha an gluasad còmhla ri nithean mar ath-fhiadhachadh, agus tha duilgheadas an lùib a bhith ag ath-thogail nan siostaman stuic a bh' ann agus gan stiùireadh, agus cuideachd na h-eileamaidean sòisealta a bha co-cheangailte riutha aig aon àm. Tha feum air modh-obrach ciallach.

Dh'fhaighnich an CEO am bu chòir don Choimisean tòiseachadh le bhith a' cuimseachadh air raointean far a bheil ùidh ga nochdadh mar-thà agus cuideachadh practaigeach a leasachadh leithid acainn do choimhearsnachdan, agus com-pàirteachadh ann an deasbadaidhean maoineachaidh mu thimcheall sgeamaichean taic, gus an cuideachadh gu am freagairt nas fheàrr air fearann ionaltraidh.

Mheòraich an Ceannard Ionlaidh is Poileasaidh gun robh san deasbad air a' phàipear roimhe, Coimiseanairean air putadh gu làidir airson obair dhleastanasan a bhith air a ghoireasachadh gu ceart ach 's e obair chruaidh a tha seo, dìreach mar a tha obrachadh le ionaltraidhean cuideachd. Bha coltas gun robh an Coimisean ag ràdh gun robh smaoineachadh air fearann ionaltraidh ro dhoirbh, ach bha e comasach rudeigin a cheart cho doirbh a dhèanamh air às-làthaireachd agus dearmad. Is e a' bhuil, mura tèid nì a dhèanamh, call air fearann croite. Is e ceum dheimhinneach a bhiodh ann sin a chomharrachadh.

Bha deasbad mu dheidhinn a bheil sinn a' còmhradh air glèidhteachas no sàbhaladh agus an t-àite a tha aig roinneadh. Bha gairm cuideachd bhon Mhanaidsear Ionlaidh gun a bhith ro dhubhach agus beachdachadh air na tha an sgioba air a choileanadh thar na bliadhna mu dheireadh, le barrachd chomataidhean ann an dreuchd agus ùidh bheòthail anns na bùithtean-obrach trèanaidh. Bhathar a' faireachdainn gu bheil comasan cho math ri bacaidhean an làthair agus nach fheum an Coimisean cuimseachadh air aon nì; dh'fhaodadh plana ioma-shruthacha a bhith aca.

Tharraing an Ceannard Ionlaidh is Poileasaidh aire a' Bhùird gu na Molaidhean sa phàipear. Dh'aontaich na Coimiseanairean ris na molaidhean.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b><i>Dh'aontaich am Bòrd ris an t-seata slàn de mholaidhean a tha minichte sa phàipear.</i></b>
-------------------	--

## 11 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

Bidh an ath choinneamh den Choimisean a' gabhail àite air Teams air 18 Màrt 2021.

## **12 GSBE**

Cha robh nithean deatamach ann. Chaidh a' choinneamh phoblach a thoirt gu crìch aig 15:43f, thug an Neach-gairm taing gu sònraichte do luchd-obrach agus Measadairean a bha air a thighinn a dh'amharc agus air cur ris a' choinneamh.

## **13 TOIRMEASG MHEADHANAN IS POBALL**

Dhùin an Neach-gairm a' choinneamh aig 16:35f, a' toirt taing do na h-uile airson an tabhartasan tron latha.